

## Fhir a' bhata

Sine NicFhionnlaigh  
arr Sheena Phillips

*Seist:*

Fhir a' bhàta, 's na ho ro eile

Fhir a' bhàta, 's na ho ro eile

Fhir a' bhàta, 's na ho ro eile

Mo shoraidh slàn leat

'S gach àit' an tèid thu.

'S tric mi sealltinn o'n chnoc a's àirde,

Feuch am faic mi fear a' bhàta,

An tig thu an-diugh, no'n tig thu a-màireach,

'S mur tig thu idir gur truagh a tha mi.

*Seist*

Tha mo chridhe-sa briste, brùite

'S tric na deòir a' ruith o'm shùilean.

An tig thu a-nochd, no am bi mo dhùil riut,

No'n dùin mi'n dorus le osna thùrsaich?

*Seist*

'S tric mi foighneachd de luchd nam bàta

Am faic iad thu, no am bheil thu sàbhailt'?

Ach 's ann a tha gach aon dhiubh 'g ràitinn

Gur gòrach mise, ma thug mi gràdh dhuit.

*Seist*